



**Northern
Constabulary**

Protect and Serve · Dia is Guidich



09 | 10

AITHISG CHOILEANAIDH PHOBLACH

sàr-mhathas ann an obair phoileis sa choimhearsnachd





CLÀR-INNSE

EARRANN 1	Lèirmheas Stiùireachas na Feachd	03
	– Facal-toisich a’ Phrìomh Chonstabal	04
	– Aithisg an Neach-ghairm	05
	– Lèirmheas Bòrd Co-ghnìomha Poilis a’ Chinn a Tuath	06
	– Stiùireachas na Feachd	07
	– Prìomhachasan Ro-innleachdail	08
	– Lèirmheas Rianachd Ionmhais agus Mhaoin	10
	– Lèirmheas nan Goireasan Daonna	11
	– Lèirbheas nan Seirbheisean Corporra	12
EARRANN 2	Lèirmheas Obair nam Poileas	13
	– Roinn a’ Mheadhain	14
	– Roinn an Ear	15
	– Roinn a Tuath	16
	– Seirbheisean Eucoir	17
	– Taic Obrachaidh	18
EARRANN 3	Staitistearachd	19
	– Buidseat Obrachaidh Lom	20
	– Puingean Staitistearachd 2009/10	21
	– Fois-inntinn poblach & Sàbhailteachd Coimhearsnachd	22
	– Freagairt Seirbheis	24
	– Riaghladh Earbsach & Èifeachdas	24
	– Tomhasan Suidheachaidh	26

EARRANN 1

POILIS A' CHINN A TUATH
LÈIRMHEAS STIÙIREACHAS NA FEACHD

*“Chaidh eucoir a
lùghdachadh
18% rè nan trì bliadhna seo
a dh'fhalbh”*





FACAL-TOISICH A' PHRÌOMH CHONSTABAL

A Mhnathan agus Fhir uaisle,

Tha mi toilichte Aithisg Choileanaidh Phoblach Poilis a' Chinn a Tuath airson 2009/10 a chur mur coinneimh, an 9mh aithisg agam, mar Phrìomh Chonstabal.

Tha an Aithisg Choileanaidh Phoblach a' dearbhadh gu bheil Poilis a' Chinn a Tuath air mòran a chur ri Gàidhealtachd is Eileanan na h-Alba gus an cumail mar àiteachan sàbhailte san toil le daoine a bhith a' fuireach, ag obair agus a' tadhal orra. Tha an staitistearachd na deagh chomharra air na choilean Poilis a' Chinn a Tuath, le eucoir a' lùghdachadh 12% an coimeas ris a' bhliadhna roimhe. Is ionnan seo agus faisg air 2000 neach nas lugha a' fulang air sgàth eucoir. Tha ìrean lorgaidh na Feachd àrd a-rithist, leis an ìre aig 62.2% airson eucoirean sa chlas 1-5. Tha an ìre lorgaidh airson droch eucoir an aghaidh a' phearsa aig 92.4%, agus 's ann aig Poilis a' Chinn a Tuath a tha aon de na h-ìrean lorgaidh as àirde ann an Alba.

Tha bhandalachd gu tric na cùis chùraim do choimhearsnachdan, 's mar sin, tha sinn toilichte gun deach an àireamh dhiubh seo agus togail theintean, sìos 12% air feadh sgìrean na Feachd, agus sin an cois ìrean lorgaidh nas àirde. 'S e dealas is proifeiseantachd ar n-oifigearan agus ar luchd-obrach, an lùib na taice bho ar com-pàirtichean agus ar coimhearsnachdan, a tha air na toraidhean fiùghail seo a thoirt gu buil.

Chaidh tòiseachadh air Lèirmheas Feabhas Luach de Sheirbheisean Roinnte sa Ghearran 2010, agus bidh an sgioba a-nis ag obair còmhla ri ceithir ùghdarrasan roinneil agus com-pàirtichean ionadail gus molaidhean a chur air dòigh mu choinneimh structaran taice tana a tha nas buadhaiche a thaobh cosgais. 'S e obair iomlan a th' ann an seo, agus leanaidh i oirre tron bhliadhna a tha romhainn a' tional a' phrìomh dhàta agus an fhiosrachaidh a tha a dhìth air an lèirmheas a chum molaidhean airson leasachaidhean san t-seirbheis a chomharrachadh agus a dhealbhadh. Tha leasachaidhean leantainneach mar phàirt de chultar na Feachd, agus, gu ìre mhòr, 's e seo na tha a' fàgail na Feachd cho soirbheachail 's a tha i.

'S e prìomhachas a th' ann dhomh fhìn dèanamh cinnteach gu bheil an Fheachd san t-suidheachadh ionmhasail as fheàrr a tha comasach, gus aghaidh a chur ris na dùbhlain a tha roimhe sna bliadhnan ri teachd. Bheir an lùghdachadh a thathar an dùil sna 4 bliadhna a tha romhainn de 25% buaidh mhòr air seirbheisean poblach, ged nach bi an suidheachadh Albannach cho soilleir sin gu foghar 2010.

Ian J Latimer, QPM MA
Am Prìomh Chonstabal



Tha sinn air leth èifeachdach mar Fheachd bheag mu thràth, 's tha sinn air mòran èifeachdasan cosgais agus mhodhan obrach a choileanadh sna beagan bhliadhnan a dh'fhalbh. Do bhrìgh na taice bho ar coimhearsnachdan agus Bòrd Co-ghnìomha Poilis a' Chinn a Tuath, chaidh a' mhaoin seo ath-thasgadh ann an obair phoileis fhaicsinneach, ionadail. Ged a bhios buaidh mhòr aig meud nan gearraidhean air an Fheachd, tha Poilis a' Chinn a Tuath ann an suidheachadh gu math nas fheàrr gus dèiligeadh ris an dùbhlain mhòr seo, do bhrìgh an ath-structaradh agus na h-èifeachdasan a choileanadh tro Lèirmheas na Feachd agus tron phlanadh agus tron obair leantainneach an cois Lèirmheas Feabhas Luach nan Seirbheisean Roinnte.

Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail gus taing a thoirt do dh'oifigearan agus do luchd-obrach nam poileas, do bhuill Bòrd Co-ghnìomh Poilis a' Chinn a Tuath agus ar buidhnean com-pàrteachaidh airson an cuid taice ann a bhith ag adhartachadh amasan is chinn-uidhe na Feachd rè na bliadhna a dh'fhalbh. Bha an cuid dealas is proifeiseantachd nan cuideachadh ann a bhith a' gleidheadh seirbheis a tha faicsinneach, so-ruigsinneach agus mothachail air feuman ar coimhearsnachdan. Tha mi a' coimhead romham gu bhith a' togail air na chaidh coileanadh am bliadhna, is sinn ag obair còmhla ri chèile a' cur aghaidh ri dùbhlain bliadhna 2010 agus nam bliadhnan a tha romhainn.

Ian J Latimer, QPM MA
Am Prìomh Chonstabal



AITHISG AN NEACH-GHAIRM

A Mhnathan agus Fhir uaisle,

Mar Neach-gairm Bòrd Co-ghnìomh Poilis a' Chinn a Tuath, tha mi toilichte aithris a thoirt seachad air coileanadh Poilis a' Chinn a Tuath rè 2009/10. Tha staitistearachd na Feachd a' leigeil ris gu bheil ìrean eucoir gan lùghdachadh fhathast, agus gu bheil na deagh ìrean lorgaidh gan cumail suas. Chan eil teagamh nach e dealas is dìcheall ar n-oifigearan agus ar luchd-obrach anns an Fheachd gu lèir a tha air cùlaibh an t-soirbheachaidh seo.

Rè na bliadhna a dh'fhalbh, chaidh diofar phrògraman cudromach a chur air chois air Oighreachd na Feachd, gu sònraichte an obair air stèiseanan Inbhir Narainn agus Steòrnabhaigh. Tha am Bòrd agus an Fheachd rùnaichte a thaobh a bhith a' leasachadh sheirbheisean agus a' comharrachadh feuman agus beachdan nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh. Rè nan amannan deuchainneach seo, sa bheil atharrachadh is mì-chinnt eaconamach, tha Feachd a' Chinn a Tuath air a bhith èifeachdach a thaobh ionmhais, agus a' nochdadh feabhas luach agus dealas gus an t-seirbheis as fheàrr a tha comasach a thoirt do na coimhearsnachdan.

Ri linn Prògram Lèirmheas na Feachd, tha cuideam stòrasan gu mòr air a ghluasad gu obair sràide nam poileas. Tha comas ann stòrasan àraidh a chur an gnìomh nuair a thèid iarraidh air, agus stòrasan poileis a chuireadh aig prìomh amannan feuma.

Rè 2009, rinn Sgrùdadh Alba agus Luchd-sgrùdaidh Poileas na Banrigh (HMIC) ann an Alba air Feabhas Luach co-rannsachadh. Shoilleirich an aithisg gun robh teisteanas làidir air sgrùdadh is dùbhlann èifeachdach bhon Bhòrd, 's gun robh na buill a' toirt buaidh air, agus a' cuideachadh, ann a bhith a' cur air dòigh prìomhachasan na Feachd. Ged a b' e deagh sgrùdadh a bh' ann, chan fhaod sinn suidhe air ais: feumaidh sinn cumail oirnn a' gluasad air adhart le leasachaidhean a chumas suas feabhas luach agus cleachdaidh.

Thug Poilis a' Chinn a Tuath a-steach Gealltanais na Feachd, tràth ann an 2010. 'S e modh èifeachdach a th' ann an seo far an tèid dealas na Feachd a thaobh inbhean ionadail agus nàiseanta ri ìre sheirbheise fhoillseachadh. Tha an Gealltanais cuideachd ag innse don t-sluagh mu na h-ìrean de sheirbheis ris am faod sùil a bhith aca, ge b' e càit a bheil iad a' fuireach.

Mgr Tormod M MacLeòid
An Neach-gairm



Bu mhath leam taing a thoirt do Bhuill a' Bhùird airson an com-pàirt, a' cumail conaltradh gus cunntachalachd a dhaingneachadh, eadhon sna ceàrnaidhean as iomallaiche den Fheachd. Chan e Feachd mhòr a th' ann am Poilis a' Chinn a Tuath, agus tha i soirbheachail ann a bhith ag obair san roinn tìre as motha ann am Breatainn, far a bheil ìrean ìosal de dh'eucoir, agus feadhainn de na h-ìrean lorgaidh as àirde ann an Alba. Tha seo a' sealltainn gum faod Feachd bheag, aig a bheil fòcas làidir air leasachadh agus air obair sa choimhearsnachd, a bhith èifeachdach ann a bhith a' freagairt nan dùbhlain a tha a' nochdadh ann an obair nam poileas san latha an-diugh.

Feumaidh sinn leantainn oirnn ann a bhith ag obair còmhla, agus a' strì gus leasachaidhean a chur air chois a bheir feabhas luach agus cleachdaidh. Tha sinn a' toirt làn taic don Phrìomh Chonstabal agus don sgioba aige, agus sinn ann an làn chinnt gu bheil an Fheachd ann am fìor dheagh shuidheachadh airson cathachadh ri gach dùbhlann a tha ro sheirbheisean nam poileas sna bliadhnan a tha romhainn.

Mgr Tormod M MacLeòid
An Neach-gairm



LÈIRMHEAS BÒRD CO-GHNIOMHA POILIS A' CHINN A-TUATH

'S e ùghdarras poileis airson sgìrean a' Chinn a Tuath a th' ann am Bòrd Co-ghnìomha Poilis a' Chinn a Tuath. Tha na ceithir ùghdarrasan Roinneil am broinn na Feachd (Comhairle na Gàidhealtachd; Comhairle Arcaibh; Comhairle Shealtainn; Comhairle nan Eilean Siar) a' taghadh comhairlichean a' Bhùird.

Mar as àbhaist, bidh am Bòrd a' coinneachadh ceithir turais sa bhliadhna gus aithisgean fhaighinn air gnìomhan 's air leasachaidhean obair nam poileas; gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air coileanadh na Feachd agus gus cunntalachd a chumail ris a' Phrìomh Chonstabal; gus bruidhinn air cùisean com-pàirt no cùraim; agus gus aire a thoirt air, 's a thighinn gu aonta a thaobh a' bhuidseit.

Tha grunn fo-chomataidhean agus bhuidhnean-obrach aig a' Bhòrd cuideachd, nam measg:-

- Buidheann-obrach Sgrùdaidh
- Buidheann-obrach Ghearanan
- Buidheann-obrach Ionmhais is Poileasaidh
- Fo-chomataidh Tadhail Neo-eisimeileach Luchd fo Ghrèim
- Bòrd Co-ghnìomha Poilis a' Chinn a Tuath agus Buidheann Ceangail Comann Luchd nam Poileas
- Fo-chomataidhean Ath-thagraidhean Luchd-obrach nam Poileas

Tha Buill a' Bhùird cuideachd air Buidhnean Feachd a' Chinn a Tuath, leithid Buidheann Adhartas Iomadachd, Bòrd Prògram Feabhas Luach agus Sgioba Lèirmheas Rianachd Taigheadais. Tha an neach-gairm a' suidhe air Fòram Luchd-gairm ùghdarrasan Poilis na h-Alba airson Alba, agus tha an Iar Neach-gairm na bhall de Bhuidheann Nàiseanta Barganachaidh nam Poileas.

Rè 2009/10, chaidh am Bòrd tro Lèirmheas Feabhas Luach a rinn Luchd-Sgrùdaidh na Banrigh airson Poilis na h-Alba agus Oifis-sgrùdaidh na h-Alba. B' iad seo co-dhùnaidhean an Lèirmheis:-

- gu bheil deagh mhothachadh aig a' Bhòrd a thaobh a dhreuchd, agus gu bheil e buadhach na lèir-shealladh ro-innleachdail agus na sgrùdadh air coileanadh na Feachd, agus ann a bhith a' cumail cunntalachd ris a' Phrìomh Chonstabal;
- gu bheil e dlùth an dàimh ri Com-pàirtichean Planaidh sa Choimhearsnachd agus ri targaidean aonta nam Builean Singilte a tha buntainneach ri obair phoileis;
- gu bheil deagh dhàimhean-obrach aige ris a' Phrìomh Chonstabal agus ris an Fheachd, 's gu bheil an com-pàirteachas tàbhachdach seo a' leantainn ri feabhas luach;
- gu bheil e a' dèanamh cinnteach gu bheil prìomh amasan obair nam poileas a' tomhadh gu sònraichte air feuman choimhearsnachdan ionadail.

Ge-tà, chomharraich an aithisg corra leasachadh a dh'fhaodte faicinn, nam measg, aire gheur air coileanadh, làimhseachadh chunnartan agus co-ionannachdan. Tha am Bòrd air gabhail ri na molaidhean gu lèir, agus air a thighinn gu aonta a thaobh Plana Leasachaidh gus dèanamh cinnteach gun lean e air a bhith a' gluasad air adhart.

Rè na bliadhna seo a dh'fhalbh, chaidh diofar leasachaidhean a thoirt gu buil:-

- Chaidh coinneamhan a' Bhùird a chur air an eadar-lìon.
- Chaidh mineachaidhean dreuchda airson Bhalla a thoirt a-steach, agus chaidh mion-sgrùdadh air feuman trèanaidh a thoirt gu buil.
- Chaidh Aithisgean fhoillseachadh air Dleastanasan Co-Ionannachd agus Sgeama Singilte Cho-Ionannachdan.
- Chaidh leasachadh a dhèanamh a thaobh planadh buidseit còmhla ri ùghdarrasan Roinneil a' Bhùird.
- Chaidh leasachadh ann am mion-sgrùdadh thoraidhean a thoirt gu buil mar phàirt de Aontan Singilte Bhuilean le ùghdarrasan Roinneil

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho:

www.highland.gov.uk/yourcouncil/committees/jointboards/northernjointpoliceboard/



STIÙIREACHAS NA FEACHD

STIÙIREACHAS NA FEACHD

Tha am Prìomh Chonstabal a' faighinn cuideachadh ann a bhith a' stiùireadh ghniomhan obrach Poilis a' Chinn a Tuath bho an Iar Phrìomh Chonstabal, Mgr Garry Sutharlanach, bhon Àrd-Stiùireadair, Bruce MacDhonnchaidh, bho Cheannard Obrachaidhean is Àrd-Stiùireadair, Andy Cowie, Ceannard nan Seirbheisean Taice.

CÒMHLAN COMHAIRLEACHAIDH AN STIÙIREACHAIS

A bharrachd air a' cheathrar Àrd-Oifigearan, tha a' Bh-ph Elaine Ward, Stiùiriche Ionmhais agus Maoin agus a' Bh-uas Andrea Sillars, Stiùiriche nan Goireasan Daonna, a' riaghladh raon de dh'obraichean proifeiseanta agus rianachd a tha a' toirt taic do phrìomh sheirbheisean Poilis a' Chinn a Tuath. Tha an sianar luchd-obrach seo nam buill de Chòmhlan Comhairleachaidh an Stiùireachais.

Tha Còmhlan Comhairleachaidh an Stiùireachais ann gus lèirmheas a dhèanamh air cùisean ro-innleachdail a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air comasan obrach is rianachd Poilis a' Chinn a Tuath. Tha an Còmhlan a' dèanamh cinnteach gu bheil Feachd a' Chinn a Tuath ann an suidheachadh far am faod i aghaidh a chur ri cùis ro-innleachd sam bith.



**Am Prìomh Chonstabal
Ian J Latimer QPM MA**



**An Iar Phrìomh Chonstabal
Garry Sutharlanach, MA**



**An t-Àrd Stiùireadair
Bruce MacDhonnchaidh**



**Stiùiriche Ionmhais agus Maoin
Elaine Nic a' Bhàird,
BSc(Urram) CPFA**



**An t-Àrd Stiùireadair
Andy Cowie, MA(Urram) MBA**



**Stiùiriche Goireasan Daonna
Andrea Sillars, BA(Urram) MSc FCIPD**



PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

LÈIRSINN NA FEACHD

*Sàr-mhathas ann an Obair Phoileis sa
Chòimhearsnachd*

CEANN-UIDHE NA FEACHD

*Gus cur ri mathas beatha na Gàidhealtachd is
nan Eilean le obair phoileis a tha ag amas air
duilgheadasan fhuasgladh sa chòimhearsnachd*

AR PRIONNSABALAN

Tha Poilis a' Chinn a' Tuath a' gealltainn:-

- gum bi sinn onarach is treibhdhireach nar cuid obrach
- gum toir sinn seirbheis a tha faicsinneach, so-ruigsinneach agus a tha freagarrach ri feumalachdan ar coimhearsnachdan
- gum bi làn dealas againn airson obair com-pàirteachaidh
- gum bi sinn cothromach, ceart-bhreitheach agus gun leathachas nar dèiligidhean air fad
- gum dèan sinn ar cuid obrach ann an dòigh a tha fosgailte agus soilleir, agus a ghabhas sgrùdadh
- gum toir sinn sàr sheirbheisean a choileanas feumalachdan an t-sluaigh, agus na tha an sluaigh a' sùileachadh
- gum dèan sinn cinnteach gu bheil sinn ag amas air ionracas agus inbhean proifeiseanta aig gach àm

AR DAOINE

Tha ar luchd-obrach a' gealltainn gun:-

- gabh sinn ri atharrachadh, gum broснаich sinn iomadachd agus co-ionannachd chothroman do ar luchd-obrach air fad
- cuir sinn an sàs modh-obrach beusanta ann a bhith a' libhrigeadh ar seirbheise, agus gum bi sinn onarach nar n-obair air fad
- obraich sinn gus coileanadh ar buidhne a leasachadh
- toir sinn seachad ceannardas èifeachdach
- taisg sinn nar daoine
- cuir sinn an gnìomh siostaman reachdmhor rianachd choileanaidh
- lean sinn oirnn a' sìor leasachadh raointean uile libhrigeadh ar seirbheise



PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL

AIRSON 2009/10, B' IAD SEO AR PRÌOMHACHASAN RO-INNLEACHDAIL:

A' Lùghdachadh Eucoir

le bhith ag obair còmhla ri ar com-pàirtichean ro-innleachdail - coimhearsnachdan nam measg - gus casg a chur air eucoir le bhith a' dèiligeadh ri na h-adhbharan a th' air a cùlaibh, agus a' cathachadh ri na tachartasan eucoireach fhèin.

A' Cur an Aghaidh Droch Eucoir

le bhith a' rannsachadh gach taobh den eucoir – 's e sin a' gabhail a-steach feuman fulangaichean eucoir, luchd-fianais agus eucoirich. Obraichidh sinn gu buadhach agus gu h-èifeachdach gus àrdachadh a thoirt air an ìre lorgadh eucoir agus an àireamh de dhroch eucoirich a thèid an toirt gu ceartas.

A' Brosnachadh Rathaiden nas Sàbhailte

le bhith for-ghnìomhach nar n-oidhirpean gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' faireachdainn tèarainte sàbhailte. Obraichidh sinn gu for-ghnìomhach gus ar rathaiden a dhèanamh nas sàbhailte, gus an àireamh de thubaistean agus de leòintich a lùghdachadh, agus, aig an aon àm, obraichidh sinn gu tarbhach còmhla ri ar prìomh chom-pàirtichean gus sàbhailteachd rathaid agus foghlam poblach a leasachadh.

A' Leasachadh Choimhearsnachdan nas Làidire agus nas Sàbhailte

le bhith a' freagairt gach tachartas buntainneach, a leithid droch thubaistean rathaid agus giùlan ana-shòisealta. Cha tèid gabhail idir ri milleadh gnìomhachais no inbhe beatha ar coimhearsnachdan, agus obraichidh sinn gus sàbhailteachd gach neach a dhìon agus a ghleidheadh, agus a chum eagal, mì-cheartas agus claon-bhreith a lùghdachadh.

A' Cumail Rian air a' Phoball

le bhith a' stiùireadh cunnartan eagrachaidh is obrachaidh, a' cur an sàs feabhas cleachdaidh a thaobh leantainneachd ghnòthachais, agus le bhith ag obair mar sheirbheis phoblach Feabhas Luach.

A' Nuadhachadh ar Seirbheisean

le bhith a' sgioblachadh ar modhan gnòthachais agus a' lùghdachadh biurocrasaidh. Thèid sparradh a thoirt air leasachaidhean ann an inbhe ar seirbheise agus ar n-èifeachdais mu choinneimh riaghailtean is stiùireadh Feabhas Luach agus Nuadhachaidh aig Riaghaltas na h-Alba.

A' Leasachadh ar Daoine agus A' Dol nar Prìomh Fhastaike

le bhith a' cinnteachadh gu bheil luchd-obrach gam brosnachadh, gan leasachadh agus gan cuideachadh airson nan inbhean proifeiseanta as àirde a choileanadh, agus airson an t-seirbheis as àirde chàileachd a thoirt do ar coimhearsnachdan. Leanaidh sinn oirnn a' conaltradh le, a' leasachadh agus a' cumail taic ri ar luchd-obrach gus seasmhachd ar n-irean coileanadh a dhìon agus gus am bi sinn air ar fàgail nar prìomh fhastaike fhathast.





LÈIRMHEAS RIANACHD IONMHAIS AGUS MHAOIN

Rè 2009/2010, ghabh Aonad Seirbheis Rianachd Ionmhais is Mhaoin os làimh diofar phrògraman obrach cudromach.

Lean an t-Aonad air ann a bhith a' gleidheadh agus a' leasachadh na h-oighreachd obrachaidh, nach robh beag co-dhiù. Chaidh crìoch a chur air an leudachadh leis an ionad ghrèime aig Stèisean Sràid Burnett ann an Inbhir Nis, agus air togalach ùr ann an Inbhir Narainn; agus chaidh obair mhath a dhèanamh mu choinneimh ath-leasachadh mòr a thathar a' cur ri Stèisean nam Poileas ann an Steòrnabhagh. Cuideachd, chaidh tòiseachadh air goireas togalaich ùr ann an Gleann Comhann.

Rè 2009/2010, bha an Fheachd cuideachd a' dlùth obrachadh le buidhnean eile - Comhairle na Gàidhealtachd agus Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba - gus goireasan a cho-roinn, agus thèid an co-obrachadh seo a neartachadh rè 2010/2011.

Ann a bhith ag ullachadh fa chomhair dùbhlain mhaoineachaidh sna bliadhnan ri teachd, bha an t-Aonad Ionmhais air cheann oidhirp air sgrùdadh èifeachdais air feadh na Feachd. Bha an sgrùdadh seo a' lorg raointean obrach comasach air airgead a chaomhnadh, agus thèid leantainn air, làimh ri Lèirmheas Feabhas Luach nan Seirbheisean Co-roinnte.

Thèid leantainn air Aonad Seirbheis Rianachd Ionmhais is Mhaoin a bhith ag obair gus leasachaidhean a thoirt air maoineachadh gnìomhan na Feachd, ach le aithne air na cuingeadan ionmhasail a bhios mu choinneimh na roinne poblach air fad. Rannsaichidh sinn nuadh dhòighean innleachdail gus seirbheis a sholar aig cosgais nas lugha, ach gun cus buaidh air mathas an t-seirbheis fhèin.



LÈIRMHEAS NAN GOIREASAN DAONNA

Fad 2009/10, bha Aonad Seirbheis Goireasan Daonna ag obair gus diofar Amasan Leasachadh Rianachd a sholar.

B' e meudachadh san àireamh de oifigearan poileis aon de na prìomh euchdan bhon uiridh, agus chaidh seo a chumail suas ann an 2009/10 le còrr is 800 oifigear stèidhichte nan dreuchd aig deireadh na bliadhna ionmhasail.

B' e prìomhachas a bh' ann an tuilleadh leasachaidh a thoirt air ar poileasaidhean rianachd daonna, a bha a rèir ar geallaidhean do Chreideas nar Cosnaichean. Chaidh prògram trèanaidh mòr a chrìochnachadh, is e air trèanadh a thoirt do na stiùirichean air fad againn ann am modh-obrach ùr an Lèirmheas Coileanaidh is Leasachaidh. 'S e siostam ùr measaidh nàiseanta a th' ann an seo, agus tha e a' cleachdadh ar siostam coimpiutaireachd airson goireasan daonna (SCoPE). Thug an trèanadh seo cothrom do mhanaidsearan ùrachadh fhaighinn co-cheangailte ri rianachd coileanaidh agus leasachadh luchd-obrach.

B' i a' Chonstablachd Shònraichte raon eile a bh' air a comharrachadh airson leasachadh. Rè 2009/10, chaidh modh-obrach sgiobalta ùr airson fastadh, agus prògram meadhain ùr inntigidh, a chur an gnìomh. Thug luchd-frithealaidh deagh luachadh orra seo, agus fhuair iad moladh anns na meadhanan.

Tha slàinte is fallainneachd ar luchd-obrach fhathast nam prìomhachas againn, agus chaidh seo a dhearbhadh nuair a choisinn Prìomh-oifisean na Feachd an Duais Òr airson Beatha-obrach Fallainn na h-Alba.



LÈIRMHEAS NAN SEIRBHEISEAN CORPORRA

'S e Stiùireadair a tha os cionn Seirbheisean Corporra, agus tha Ionad Obrachaidh na Feachd, Rianachd Fiosrachaidh na Feachd, Poileasaidh agus Co-òrdanachadh, Rianachd Ghnìomhachais, Ceadachd Ghunnaichean agus Co-cheangal Ùghdarras Seirbheisean Poilis na h-Alba (SPSA) an urra ris.

Rè 2009/10 air fad, bha caochladh nach beag san Aonad Seirbheis, gu sònraichte le aonadh Sheirbheisean Corporra agus Sheirbheisean Rianachd, agus leis gun deach Aonad Rianachd Ghnìomhachais a chruthachadh airson nam Prìomh Oifisean. Chaidh an obair seo a ghabhail os làimh mar oidhirp air dleastanasan nam Prìomh Oifisean a thoirt ri chèile agus tàbhachd airgid fhaighinn don Fheachd.

Fhuaras air caomhnadh tàbhachdach chosgaisean a chur air dòigh, le atharrachadh gu TF ioma-ghnìomha agus innealan conaltraidh. B' e am Manaidsear TF a ghabh os làimh an obair seo, leis a' bhuil nach fheum clò-bhualadairean, innealan facs, lethbhreacadairan no lèirsinnearan a bhith anns gach oifis a-nis. Tha àireamh bheag de innealan ioma-ghnìomha, a nì na gnìomhan air fad, a-nis rim faighinn anns gach togalach. Tha am modh-obrach seo ga sgaoileadh air feadh na Feachd.

Thathar a' toirt structar ùr air Aonad Rianachd Fiosrachaidh na Feachd cuideachd, agus chaidh an t-Aonad a ghluasad gu goireas a bh' air a thogail a dh'aon ghnòthach dha ann an 2009. Tha seo air a bhith na chuideachadh ann a bhith ag aonadh an raoin air fad de sheirbheisean libhrigidh, 's gan dèanamh nas èifeachdaiche nan obrachaidhean.

Bha an Sgeama Co-ionannachd Singilte a' leantainn air fad na bliadhna a chaidh seachad, agus tha e a-nis air fhoillseachadh air làrach-lìn na Feachd. Tha an sgeama seo a' toirt ri chèile ar prìomh amasan fo ar Dleastanasan a thaobh Cinneadh, Gnè agus Ciorram, agus tha e a' leudachadh ar gnìomhan chun nan raointean fo dhìon: aithne ghnè (*gender identity*), creideamh/aidmheil, aois agus càil chleamhnasach (*sexual orientation*). Thèid tòiseachadh air aithisgean bliadhna san Ògmhios.



EARRANN 2

POILIS A' CHINN A TUATH
LÈIRMHEAS OBAIR NAM POILEAS

*“Tha eucoirean sa chlas 1 - 5
air lùghdachadh 12% an taca
ris a' bhliadhna roimhe”*





ROINN A' MHEADHAIN

RO-RÀDH

Tha gach tè de na trì Comannan Sgìreil am broinn Roinn a' Mheadhain: Ros is Crombaidh; Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse; agus na h-Eileanan Siar, air soirbheachas mòr fhaicinn sa bhliadhna seo a dh'fhalbh. Tha ìre lorgaidh 63.9% air a bhith aca, agus lùghdachadh anns gach clas de dh'eucoir. Bha e fìor chudromach gun do thuit tachartasan de ghiùlan ana-shòisealta, eucoir a bhios a' milleadh ar coimhearsnachdan ionadail, 19%.

Chan eil teagamh nach do chuir am meudachadh san àireamh de phoilis, na rèiteachaidhean ùra anns na pàtranan de thràthan obrach, agus dealas ar luchd-obrach air fad ris a' bhliadhna shoirbheachail a chaidh seachad. An cois seo, rinn na Sgiobannan Stòrais Roinneil sàr obair ann an Aonad Rianachd Gnìomhachais, san Aonad For-Ghniomhach, san Aonad Dion Phoblach agus ann an Roinn an Fhiosrachaidh.

Tha poilis agus luchd-obrach Roinn a' Mheadhain, a tha stèidhichte anns na sgìrean dùthchail no anns na bailtean, air leth dìcheallach ann a bhith a' cumail suas ìre àrd shoirbheachais, gus fois inntinn a thoirt do na coimhearsnachdan sa bheil sinn ag obair.

EUCHDAN A-RÈIR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Chaidh deagh thoraidhean a choileanadh anns na trì Comannan Sgìreil, is iad ag obair còmhla ri Seirbheisean Eucoir nam Prìomh Oifisean, an aghaidh dhaoine a bha a' solar dhrogaichean de Chlas A agus B; agus fhuair iad binnean fada sa phrìosan. Rè ùine de thrì mìosan, chaidh còcaìn de luach còrr is £600,000 a ghlacadh ann an Ros is Crombaidh. Rinn an Roinn seo iomadach rannsachadh domhainn ann an co-cheangal ri obrachaidhean an aghaidh nam buidhnean òrdaichte seo, agus fhuair iad ìre lorgaidh ghasta de 96.9%.

Anns na h-Eileanan Siar, bha an ìre lorgaidh aig còrr is 71% airson eucoirean sa Chlas 1-5, agus chaidh lùghdachadh 30% fhaicinn ann an eucoirean eas-onair sa Chomann Sgìreil. Chaidh ìre de 57% fhaighinn ann an raon a tha gu sònraichte duilich a lorgadh: bhandalachd agus togail theintean.

Fhuair Loch Abar, an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse lùghdachadh 29% ann an eucoirean clàraichte giùlain mhì-shòisealta. Bha buannachdan rim faighinn bho iomairtean mar 'Pubsafe' agus 'Bàll-coise Sràide'. Ann an 2009, bhuail iomadach tachartas de eas-onair (meirle le èaladh agus briseadh a-steach a thaighean) àite san Eilean Sgitheanach is Loch Aillse. Rinn na h-oifigearan ionadail rannsachadh dìcheallach agus mu dheireadh chaidh fear a chur an grèim,

's bha an goidnich air ath-bhuidhinn. Thugadh binn còig bliadhna a-mach air an neach a bha ciontach.

Thairis air an Roinn gu lèir, chunnacas soirbheachas mòr ann an sgeamannan sàbhailteachd rathaid, agus mar thoradh air seo, bha fìor dheagh lùghdachadh san àireamh de thubaistean agus de leòintich. Chaidh seo a thoirt gu buil còmhla ri oifigearan bhon Aonad Poilis Rathaid, a bha a' cuimseachadh air eucoirich aithnichte do na poilis airson a bhith a' dràibheadh fo bhuaidh deoch làidir agus gun chòir dhràibhidh.

IOMAIRTEAN IONADAIL

Tha mòran de dhiofar iomairtean ionadail air gabhail àite thairis air na trì Comannan Sgìreil tro 2009/10. Seo eisimpleirean dhiubh:-

- Thugadh Sgiobannan Coimhearsnachd a-steach airson dèiligeadh gu sònraichte ri iomagain nan coimhearsnachdan ionadail ann an Ros is Crombaidh. Bha seo air leth soirbheachail ann a bhith a' lùghdachadh na h-àireamh de dh'eucoirean 'aig ìre ìosal', mar ghiùlan ana-shòisealta agus ainneart. Tha na sgiobannan seo a' co-obrachadh leis an Sgioba Fhor-ghniomhach Roinneil agus na h-oifigearan àbhaisteach.
- Ann an Loch Abar, tha lùghdachadh mòr agus sònraichte air gabhail àite ann an ainneart air na sràidean, agus b' e am com-pàirteachas eadar 'Pubsafe' agus 'Ball-coise air an t-Sràid' a thug seo gu buil. Anns na h-Eileanan Siar, tha deagh bhuilean rim faicinn bhon obair chunbhalach a bhathar a' dèanamh còmhla ris an òigridh ann am meadhan a' bhaile gus an cumail bho dheoch làidir.

Tha a h-uile rud seo shuas na chliù do dh'oifigearan agus luchd-obrach nam poileas, ach cha tèid dìochuimhne a dhèanamh air na chuir na coimhearsnachdan fhèin ris an t-soirbheachas. Chan eil teagamh agam nach fhoillsich 2010/11 soirbheachadh a bharrachd a thaobh obair agus rianachd ann an Roinn a' Mheadhain.

An Stiùireadair John Darcy
Comandair na Roinne





ROINN AN EAR

RO-RÀDH

Tha Roinn an Ear a' frithealadh coimhearsnachdan Inbhir Nis, Bhàideanach, Srath Spè agus Inbhir Narann, ag obair ann am bailtean agus air an dùthaich. 'S e ceàrn trang is beòthail a th' anns an Roinn, anns a bheil mòran de dhaoine a' tadhal agus a' tighinn a dh'fhuireach. Feumaidh an Roinn a bhith deas gus freagairt ri tuiteamasan mòra a dh'fhaodadh tachairt, ach aig a' cheart àm a bhith dlùth ris na daoine nar coimhearsnachdan - daoine aig a bheil diofar chùraman is iomagain. Tha sinn ag oidhirpeachadh gus ar n-amasan a choileanadh sna dòighean seo:-

- A' co-obrachadh gu dlùth sa choimhearsnachd
- Obair phoileis fhor-ghnìomhach stèidhichte air a bhith a' sgrùdadh gluasadan eucoir agus fiosrachaidh
- A' planadh agus a' riaghladh thachartasan poblach
- A' toirt comhairle air mar a thèid cunnart eucoir is aimhreit a lùghdachadh.

EUCHDAN A-RÈIR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Chaidh an àireamh de dh'eucoirean clàraichte a lùghdachadh gu ìre mhòr eadar an Giblean 2009 agus am Màrt 2010 an coimeas ris an aon tràth an-uiridh, le lùghdachadh 17.3% ann an eucoir sa Chlas 1-5. 'S e seo mar a chaidh don Roinn a thaobh nan diofar chlasaichean de dh'eucoir:-

- Lùghdaich Droch Eucoir is Ainneart (Clas 1) le 21.4%
- Lùghdaich Eucoirean Drabasta (Clas 2) le 38.3%
- Lùghdaich Eucoirean Eas-onair (Clas 3) le 16.3%
- Lùghdaich Bhandalachd (Clas 4) 18%
- Lùghdaich Eucoirean Eile (Clas 5) 15.9%

Eadar an Giblean 2009 agus am Màrt 2010, chaidh 70 eucoir a chlàradh ri linn feadhainn a chaidh a ghlacadh le drogaichean ann an Clas A agus a bha a' brath an toirt seachad. Tha fiosrachadh ga chruinneachadh fad na h-ùine gus cuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ri drogaichean. A thaobh droch ainneart, choilean an Roinn amas na Feachd gus 'an àireamh de Dhroch Ainneart a lùghdachadh 1% ro dheireadh 2009/10 an coimeas ri 2008/09'.

'S e prìomhachas mòr a th' ann an sàbhailteachd rathaid, agus tha diofar rathaidean cudromach na Gàidhealtachd a' ruith tron Roinn. Chaidh ruigsinn air targaid na Feachd gus 'an àireamh de dhaoine air am marbhadh no air an droch leòn ri linn tubaistean rathaid a lùghdachadh le 40% tro 2009/10, an coimeas ris an àireimh cuibheasaich airson 1994-1998'. Chaidh ruigsinn cuideachd air an targaid gus 'an àireamh de dhràibhearan fo bhuaidh dhrogaichean a thèid an glacadh a mheudachadh 10% ro dheireadh 2009/10 an coimeas ri àireamhan 2008/09'. Bithear fhathast a' cuimseachadh air

dràibhearan a tha fo bhuaidh deoch làidir. Tha cuartichean comharraichte càraichean nam poileas a' cur a' chuideim gu sònraichte air an A9, an A96, an A82 agus bun-rathaidean an A862. Tha an Roinn a' leantainn roimhe le a bhith a' com-pàirteachadh ann an Iomairtean Comann Prìomh Oifigearan Poileis na h-Alba (ACPOS) airson Rathaidean nas Sàbhailte.

IOMAIRTEAN IONADAIL

Tha an Roinn ag obair ann an com-pàirteachas le diofar bhuidhnean, nam measg SSN na Gàidhealtachd, Seirbheis Smàladairean na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIFRS), Comhairle na Gàidhealtachd agus am Bòrd Ceadachd. 'S fhiach aire a thoirt cuideachd don obair a tha oifigearan a' cur ri co-òrdanachadh teasargainn sna beanntan; obair còmhla ri òigridh; a' co-obrachadh le Aoghairean Sràide; ann an sgeamannan PubWatch; CCTV; a' co-obrachadh le sgioba Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh Giùlan Ana-shòisealta; agus a' tadhal air sgoiltean agus buidhnean ionadail gus foghlam a thoirt seachad. Tha iad seo uile a' tomhadh air a bhith a' dèanamh ar coimhearsnachdan nas sàbhailte.

Am measg nan iomairtean cudromach san Roinn an Ear, tha iad seo:-

- Gniomhachd Magma agus Gniomhachd Mexican, a bha a' cuimseachadh air giùlan ana-shòisealta agus òigridh a tha ag òl ann am Bàideanach, Srath Spè agus Inbhir Narann rè 2009 air fad.
- Gniomhachd Respect, a ghabh àite ann am meadhan Baile Inbhir Nis rè àm na Nollaige 2009/10, ann an co-bhann ri diofar bhuidhnean. Bha an iomairt a' cuimseachadh air a bhith a' meudachadh sàbhailteachd agus toileachas na h-òigridh tro ghnìomhan bacaidh agus sparraidh.
- Iomairtean airson na h-Òigridh, a leithid 'Discothan Solais Ghorma' agus 'Spòrsan Dubh-thràth'. Tha na tachartasan com-pàirteachaidh seo a' foghlam na h-òigridh, an lùib a bhith gam misneachadh gus a bhith càirdeil ann an dòigh iomchaidh. Tha na cur-seachadan sin a' toirt aire òigridh air falbh bho a bhith a' gabhail pàirt ann an eucoir, gam brosnachadh gus deagh charaidean a lorg bho air feadh na sgìre, gam misneachadh fhèin agus a' toirt togail don choimhearsnachd san fharsaingeachd.

An Stiùireadair Ian Arnott
Commandair na Roinne





ROINN A TUATH

RO-RÀDH

Am-bliadhna, tha an sgioba rianachd ùr air togail air an obair daingean a rinneadh ann an 2008/09. Chaidh oifigearan agus luchd-obrach ùr a thoirt a-steach don Roinn, agus tha an luchd-obrach air fad dìcheallach, dealasach agus inntinneach. Tha na trì Comannan Sgireil: Sealtainn, Arcaibh, Cataibh, Gallaibh agus Ros an Ear, air na feartan aca fhèin a ghleidheadh, agus iad, aig an aon àm, a' dlùth obair le chèile mar aon aonad air leas nan coimhearsnachdan ionadail.

EUCHDAN A-RÈIR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

San fharsaingeachd, bha beagan de lùghdachadh eucoir ann an Sealtainn 's ann an Arcaibh, ach beagan de mheudachadh ann an Cataibh, Gallaibh 's Ros an Ear. Dh'àrdaich an ìre lorgaidh san Roinn 3.3% am-bliadhna, agus tha an ìre a-nise aig 62.8%, nas àirde na an ceudad cuibheasach san Fheachd. Tha sinn air leth toilichte gun tàinig leasachadh 6.2% ann an Arcaibh, agus 8% ann an Cataibh, Gallaibh agus Ros an Ear, air ar coileanadh. Tha an Sgioba Rianachd Roinneil a' cumail sùil air ar n-euchdan a rèir nan ceann-uidhe ro-innleachdail chorporra, gus dèanamh cinnteach gu bheil am feum as fhèar ga chur air ar stòrasan.

Tha sinn air leth fortanach nach eil droch eucoir idir cumanta air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ach bha aire nam meadhanan air Arcaibh airson greis mhath ann an Samhradh 2009 ri linn a' mhurt ann an Sanndaigh. Chaidh dithis a dhìteadh an dàimh ris an eucoir seo, 's fhuair eadhon aon neach ciontach de mhurt, 's am fear eile ciontach de mharbhadh le coire. Ged nach eil e an comas do na ditidhean seo cur às don chùis a thachair, thathar an dòchas gu bheil iad nan cuideachadh beag ann a bhith a' leigeil do mhuinntir Shanndaigh an ghnòthach a chur air an cùlaibh.

Cha bu chòir dhuinn dìochuimhneachadh gu bheil an ìre de dh'eucoir ìosal agus gu bheil sinn a' fuireach ann an ceàrn sàbhailte. Tha mi làn chreidsinn gu bheil e comasach dhuinn, leis na comasan agus an eòlas a th' againn san Roinn, ar coileanadh a leasachadh sa bhliadhna a tha romhainn le a bhith a' lùghdachadh eucoir, a' lorg barrachd den eucoir nuair a thachras e, agus le a bhith a' toirt air daoine a bhith a' faireachdainn nas sàbhailte nar coimhearsnachdan.

IOMAIRTEAN IONADAIL

Tha sinn gu tric air a bhith aig Comhairlean Coimhearsnachd, aig Fòraman Sgireil agus aig coinneamhan coimhearsnachd eile, gus èisteachd ris na h-iomagain a th' aig daoine. Tha ar n-Aonad Fiosrachaidh Nàiseanta agus Dìon Poblach air deagh obair a dhèanamh ann a bhith a' coileanadh nam feuman ionadail a bhios a' nochdadh. Tha sinn air Sgiobannan

Coimhearsnachd a chur air dòigh, 's tha iad seo air a bhith for-ghnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean ionadail. Tha am fòcas seo ag àrdachadh faicsinneachd nam poileas anns na coimhearsnachdan ionadail, agus a' dèiligeadh ri giùlan agus dràibheadh ana-shòisealta. Thèid cuideam a chur air obair for-ghnìomhach den leithid seo sa bhliadhna a tha romhainn.

Tha sinn air a bhith a' dèiligeadh gu mòr ri giùlan ana-shòisealta ann an ionadan poblach agus ann an ionadan dachaigheil gus inbhe beatha dhaoine àrdachadh. Tha sinn air obair chruaidh a dhèanamh ann a bhith a' lùghdachadh na tha òigridh a' faighinn de dheoch làidir agus gus bruidhinn air na cunnartan a tha romhpa. Tha sinn air barrachd ùine agus lùth a chosg còmhla ri com-pàirtichean gus clann a dhìon, agus a' làimhseachadh eucoirich gus casg a chur air droch eucoir. Ged a tha mòran de shoirbheachas air a bhith againn an aghaidh sholaraidhean drogaichean, gu sònraichte ann an Sealtainn, cha tig stad air ar n-obair gus an lorg. Ma tha feadhainn gu bhith a' ceannach 's a' reic dhrogaichean mì-laghail, tha an teachdaireachd soilleir: thèid cuimseachadh orra agus thèid an cur an grèim. Tha cothroman ann fhathast ar com-pàirteachas thairis air an Roinn a leudachadh anns na raointean sin uile.

Tha mi ag aideachadh 's ag aithneachadh na taice cudromaich a tha sinn a' faighinn bhon t-sluagh, agus na tha buidhnean com-pàirteachais a' cur ri ar n-obair. Às an aonais, cha bhiodh càil de na rudan air an tug mi iomradh gu h-àrd comasach.

Tha sgioba againn san Roinn a tha dealasach agus a tha moiteil gu bheil iad nam poilis an seo. Tha mi a' gealltainn gun cùm sinn oirnn ag obair gu cruaidh gus eucoir a lùghdachadh, gus taic a thoirt do fulangaichean agus gus fiù 's barrachd den eucoir chlàraichte fhuasgladh. Tha dùbhlain romhainn fhathast, ach tha mi an làn bheachd gun lean sinn oirnn nar leasachadh.

An Stiùradair Julian Innes
Comandair na Roinne





SEIRBHEISEAN EUCOIR

RO-RÀDH

Tha diofar raointean gnìomhachais sònraichte ann an Seirbheisean Eucoir nam Prìomh Oifisean, a tha a' cuimseachadh air a bhith a' toirt taic do rannsachadh air droch eucoir. Tha Stiùireadair Lorgaire, a tha ag obair na Cheannard air Eucoir san Fheachd, os cionn an Aonaid, agus tha e a' faighinn taic bho dà Phrìomh Inspeactair Lorgaire agus ceithir Inspeactairean Lorgaire. 'S iad seo na raointean gnìomhachais anns an roinn:-

- Obrachaidhean Eucoir
- Taic Rannsachaidh
- Obrachaidhean Sònraichte
- Dìon Poblach

Chaidh na raointean gnìomhachais uile a chur air chois gus taic shònraichte a thoirt don Fheachd, agus tha iad air an cleachdadh bho latha gu latha gus comhairle is stiùireadh a thoirt seachad, agus gus obair nam poileas sna Roinnean a chuideachadh. Tha an cleachdadh a th' air an Aonad gu sònraichte soilleir ann am prìomh rannsachaidhean eucoir, nuair a thèid goireasan luchd-obrach an Aonaid Sheirbheis a tharraing air feum daingneachadh fhreagairtean Roinneil a thaobh rannsachaidhean a tha gu math mòr no toinnte.

EUCHDAN A-RÈIR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Rè 2009/10, lean an t-Aonad Seirbheis air a' coileanadh a dhreuchd ann a bhith a' cur aghaidh ri droch eucoir. Chuir iad bacadh air an solar mì-laghail de dhrogaichean, bha iad a' rannsachadh eucoir an aghaidh cloinne, agus chuir iad ris an ro-innleachd nàiseanta gus cathachadh ri ceannairc.

- Tha Taic Rannsachaidh air Roinnean a chuideachadh air feadh na Feachd le rannsachaidhean air diofar dhroch eucoir agus ann an rannsachaidhean doirbh, nam measg, murt, foill eadar-fhillte, eucoir fhriadh-bheathaichean thar chrìochan, agus iomadh droch thachartas eile.
- Tha Buidheann Obrachaidh Eucoir air cuideachadh a thoirt do dhiofar rannsachaidhean a bha a' dèiligeadh ri buidhnean eucoir òrdaichte ann an sgìrean na Feachd. Chaidh glacadh mòra de dhrogaichean a dhèanamh, agus chaidh còrr is 41 daoine a chur fo ghrèim airson eucoirean co-cheangailte ri drogaichean mì-laghail. Cuideachd, chaidh maoin agus airgead de luach £676,000 a ghlacadh, agus drogaichean aig an robh luach còrr is £1.25 millean air an t-sràid.
- Tha a' Mheur Shònraichte na pàirt de dh'Obraichean Sònraichte, agus tha iad seo a' coileanadh an dleastanas an dàimh ri sàbhailteachd nàiseanta, an co-bhann ri co-obraichean anns na h-Aonadan

Fiosrachaidh an Aghaidh Ceannairc agus Seirbheisean Dìon. Tha oifigearan air a bhith a' toirt fiosrachadh do mhòran chom-pàirtichean eadar-dhealaichte mar phàirt de dhiofar ro-innleachdan nàiseanta a tha a' cur an aghaidh ceannairc. Tha an t-Aonad seo a' cleachdadh fiosrachadh bho dhiofar àiteachan, agus 's e seo na th' air a bhith air cùlaibh mòran den t-soirbheachas, agus, a bharrachd air an sin, chan eil e air a bhith cosgail.

- Tha Dìon Poblach a' sìor choileanadh nam prìomh amasan ro-innleachdail aca anns a' ghnìomhachas seo a tha a' meudachadh gach bliadhna. Tha an t-Aonad air a bhith a' rannsachadh agus a' cuideachadh Roinnean air feadh na Feachd, le rannsachadh air eucoirean an aghaidh cloinne agus droch eucoirean feise. Tha an t-Aonad a' leantainn air adhart le a bhith a' trèanadh bhuidhnean com-pàirteachaidh ann an diofar chuspairean, nam measg an cùrsa ùr do oifigearan-ceangail airson ciontan feise, agus sna laghan ùra a tha a' gabhail a-steach taic is dìon inbheach. Tha an stòras seo air leth cudromach a thaobh dòigh-obrach chorporra air clàradh agus sgrùdadh air ciontaich feise.

IOMAIRTEAN IONADAIL

An dèidh soirbheachas a' Phròiseict 'Getting it Right for Every Child' (GIRFEC), tha an t-Aonad Dìon Poblach air gluasad air adhart leis còmhla ri buidhnean com-pàirteachais, agus air modh-obrach a chruthachadh a tha a' toirt ri chèile prìonnsapalan GIRFEC agus Rèiteachaidhean Dìon Poblach Ioma-bhuidhneach (MAPPA), gus sùil a chumail air eucoirich òga a tha nan cunnart, gus dèanamh cinnteach gu bheil a' dèiligeadh ri feuman a' mhòr-shluaigh agus an eucoirich òige fhèin. Chaidh aithisg a chur gu Riaghaltas na h-Alba an dàimh ri seo, agus fhuaras maoineachadh gus pròiseact dearbhaidh a chur an sàs ann an sgìrean a' Chinn a Tuath, 's thathar an dùil gun tèid gabhail ri seo san dùthaich air fad.

Tha an t-Aonad Taic Rannsachaidh air comasan rannsachadh ionmhais agus coimpiutaireachd foireansach a chur gu buidhnean catharra. Tha am prògram seo air timcheall air £72,000 a chaomhnadh le modh-obrach èifeachdach san Fheachd, agus tha e comasach ceathrar oifigearan, aig a bheil mòran eòlais, a-nise a chur gu obair phoileis. Tha seo a rèir prìonnsapalan ro-innleachdail na Feachd ann a bhith a' cleachdadh bhuidhnean catharra far a bheil sin freagarrach, agus a' tilleadh oifigearan gu prìomh dhleastanasan nam poileas.



TAIC OBRACHAIDH

RO-RÀDH

Tha Prìomh Inspeactair, a thàinig don sgioba san Iuchar 2009, os cionn Taic Obrachaidh; agus tha trì Inspeactairean bho Aonad Planaidh, bho Aonad Poileis an Rathaid agus bho Aonad Taic Innleachdadh, a tha nan eòlaichean sna raointean sònraichte sin, a' toirt taic dha.

Tha iad seo nan dleastanasan sònraichte aca:-

Aonad Planaidh:

- Planadh Èiginn
- Planadh Obrachaidh (a' gabhail a-steach Rianachd Stòrasan)
- Tuiteamasan Catharra

Aonad Poileis an Rathaid:

- Obair Rathaid nam Poileas (Sgiobannan Armaichte nam measg)
- Sàbhailteachd Rathaid
- Rannsachadh Tubaistean Rathaid
- Com-pàirteachas Sàbhailteachd Camara a' Chinn a Tuath (NSPC)

Aonad Taic Innleachdadh:

- Raon nan Gunnaichean
- Raon nan Con
- Lorgachadh / Rian Poblach / Taic Ceimigeach, Bith-eòlach, Rèidio-eòlach agus Niùclasach (CBRN)

Tha sgiobannan bho na h-Aonadan sin ag obair ann an diofar sgìrean, bho Bhaile Dhubhthaich ann an Ros an Ear, gu Inbhir Pheofharain agus Inbhir Nis. Tha iad a' toirt taic gu làitheil do obrachaidhean nam poileas air feadh sgìrean na Feachd.

PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

Rathaidean nas Sàbhailte

Tha sàbhailteachd rathaid na prìomhachas aig an Fheachd airson muinntir nan sgìrean agus airson luchd-turais a bhios a' tadhal gus seallaidhean agus cultar na Gàidhealtachd a mhealtainn. Tha luaths, cion eòlais agus aimsir a' gheamhraidh uile nan cunnartan mòra do dhràibhearan air ar rathaidean. A dh'aindeoin nan cunnartan sin, agus meudachadh san àireamh de charbadan, tha an àireamh de leòintich air ar rathaidean a' lùghdachadh fhathast agus tha an Fheachd air targaidean nàiseanta na rìoghachd airson 2010 a ruigsinn mu thràth.

Chuir Riaghaltas na h-Alba dùbhlann romhainn ann am "Frèama-obrach Sàbhailteachd Rathaid gu 2020" anns a bheil targaidean gus an àireamh de leòintich a lùghdachadh, 's le targaidean stèidhichte airson 2015. Tha sinn a' leantainn oirn leis a' mhodh-obrach a th' againn an-dràsta, a bhios a'

tomhadh air nuadh-dhòighean co-aontaichte gus dràibhearan fhoghlam a thaobh modh an dràibhidh aca, agus oidhirpean freagarrach gus sin a chur an gnìomh lagha.

Chaidh am Frèama-obrach a chleachdadh mar bhun-stèidh airson Plana-gnìomh Sàbhailteachd Rathaidean na Gàidhealtachd 2010-12, a bhios a' beachdachadh air gach fear de na prìomh amasan, agus a' cleachdadh innleachd, co-èigheachadh lagha, foghlam agus brosnachadh a rèir 's gu dè a tha freagarrach. Tha am Buidheann Com-pàirteachais Ro-innleachdail a' faighinn fiosrachaidh às ùr air adhartas gach gnìomha. Chaidh am plana-gnìomh seo a roinn eadar trì sgiobannan Ùghdarras nan Eilean airson Sabhailteachd Rathaid, gus beachdachadh air planadh agus libhrigeadh nam prìomh amasan agus nan gnìomhan a tha freagarrach dhaibh.

Coinhearsnachdan nas Sàbhailte, nas Làidire

Sa Ghiblean 2009, an dèidh don tinneas Influenza AH1N1, no Tinneas Meagsaganach nam Muc, briseadh a-mach, chuidich an t-Aonad Planaidh ann a bhith a' co-òrdanachadh freagairt ioma-bhuidhneach na Gàidhealtachd is nan Eilean, an aghaidh a' chunnairt gum faodadh àireamhan mòra de na h-oifigearan agus an luchd-obrach againn a bhith dheth tinn. Chaidh fiosrachadh a thoirt don luchd-obrach againn, agus, le cuideachadh bho bhuidhnean com-pàirteachais, chaidh aithris do mhuinntir na Gàidhealtachd is nan Eilean, a' tomhadh air mar a b' urrainn dhaibh iad fhèin a dhìon. Bha an luchd-obrach againn san Aonad Planaidh a' cumail choinneamhan poblach anns na ceithir roinnean, is iad a' toirt fiosrachadh air mar a bha an tinneas a' sgaoileadh. Bha iad fhèin agus Riaghaltas na h-Alba a' co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gun robh còraichean ar ceàrnaidh gan seasamh ann an dòigh iomchaidh. Gu fortanach, cha robh a' bhuidhean aig a' ghalar cho mòr 's a bhathar an dùil.

IOMAIRTEAN IONADAIL

MFR-Bikesafe

Tha MFR-Bikesafe na eisimpleir air iomairt a choisinn aithne nàiseanta. Seo a' chiad turas sa Cheann a Tuath a tha na poilis, stèisean rèidio, ceannaichean, Seirbheis Charbadan-eiridinn na h-Alba agus sgoil trèanaidh air a thighinn còmhla gus sàbhailteachd raidhdearan a bhrosnachadh ann an dòigh eadar-ghnìomhach agus neo-fhoirmeil. Ann an 2009, a' chiad bhliadhna den iomairt, chaidh fèin-fhiosrachadh trìùir raidhdearan - gach fear ainmeil aig rèidio Linne Mhoireibh, agus aig an robh diofar ìrean de eòlas le motor-baidhg - a leantainn. Chaidh aithneachadh an dèidh Moladh Prionnsa Micheil à Kent airson Sàbhailteachd Rathaid.

Leanaidh iomairtean ionadail agus nàiseanta eile tro 2010-11, agus bidh iad seo freagarrach airson ar targaidean a ruigsinn air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

EARRANN 3

POILIS A' CHINN A TUATH
STATISTEARACHD

*“Rè 2009/10, bha 62.2%
de dh'eucoirean sa chlas
1 – 5 air an lorgadh”*











BUIDSEAT OBRACHAIDH LOM

Faodaidh am poball aithris de na cunntasan ionmhasail a tha co-cheangailte ri obair Poilis a' Chinn a Tuath sa bhliadhna 2009/10 fhaighinn.

Gheibhear am fiosrachadh seo air làrach-lìn Poilis a' Chinn a Tuath aig www.northern.police.uk



	Roinn a' Mheadhain	£ 12,373,020
	Roinn an Ear	£ 12,624,937
	Roinn a Tuath	£ 9,700,997
	Seirbheisean Eucoir	£ 3,196,078
	Taic Obrachaidh	£ 2,406,705



1. *Tha eucoirean is ciontan clàraichte sa chlas 1 - 5 air lùghdachadh 12.2%.*
2. *Tha eucoirean ana-shòisealta clàraichte air lùghdachadh 14.9% gu h-iomlan.*
3. *Tha an ìre iomlan de eucoir òigridh sa chlas 1 - 6 air lùghdachadh 8.4%.*
4. *Clas 1 – Lùghdaich eucoirean ainneirt 10.2%, 's ri linn sin, bha 52 na bu lugha de fhulangaichean ann.*
5. *Clas 2- Lùghdaich Eucoirean Feise 25%, 's ri linn sin, bha 107 na bu lugha de fhulangaichean ann.*
6. *Clas 3 – Lùghdaich Eucoirean Eas-onair 9.5%, 's ri linn sin, bha 566 na bu lugha de fhulangaichean ann.*
7. *Clas 4 – Lùghdaich Bhandalachd agus Eucoirean Milleadh Thogalaichean 11.8%, 's ri linn sin, bha 598 na bu lugha de fhulangaichean ann.*
8. *Clas 5 – Lùghdaich eucoirean eile le drogaichean 15.3%, 's ri linn sin, bha 642 na bu lugha de dh'eucoirean ann.*



STATISTEARACHD

FOIS-INNTINN POBLACH & SÀBHAILTEACHD COIMHEARSNACHD

Àireamh de dh' Eucoirean is Chiontan Clàraichte agus Ìrean Lorgaidh

EUCOIREAN & CIONTAN	EUCOIREAN CLÀRAICHTÈ – EC ÌRE LORGAIDH - IL	ROINN A' MHEADHAIN			ROINN AN EAR		ROINN A TUATH			SUIMEAN NA FEACHD	CUIBEAS TRÌ BLIADHNA IL NA FEACHD
		Loch Abar, An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse	Ros & Cromba	Na h-Eileanan Siar	Bàideanach, Srath Spè & Inbhir Nàrann	Inbhir nis	Gallaibh, Cataibh & Ros an Ear	Arcaibh	Sealtainn		
CLAS 1 EUCOIREAN NEO-FHEISEIL AN AGHAIDH PEARSA	EC	55	72	36	34	161	58	25	18	459	544
	IL %	94.5	97.2	100.0	91.2	85.7	98.3	92.0	94.4	92.4	92.4
CLAS 2 EUCOIREAN DRABASTA	EC	29	58	20	21	100	40	18	35	321	422
	IL %	89.7	77.6	85.0	90.5	78.0	92.5	94.4	85.7	83.8	81.4
CLAS 3 EUCOIREAN EAS-ONAIR	EC	507	691	202	422	2,348	652	219	370	5,411	5,918
	IL %	40.0	49.9	62.4	53.8	48.9	47.4	68.5	68.9	51.0	54.2
CLAS 4 TOGAIL THEINTEAN, BHANDALACHD, MSAA	EC	383	750	244	283	1,336	951	197	270	4,414	5,214
	IL %	41.0	45.2	57.0	50.9	29.7	47.0	44.2	41.5	41.3	41.1
SUIMEAN SA CHLAS 1-4	EC	974	1,571	502	760	3,945	1,701	459	693	10,605	12,099
	IL %	45.0	50.9	63.3	55.4	44.6	50.0	60.3	59.7	49.8	51.2
CLAS 5 EUCOIREAN EILE	EC	292	658	140	323	1,453	443	84	154	3,547	4,410
	IL %	100.0	99.7	100.0	99.1	99.2	99.5	100.0	100.0	99.5	98.7
SUIMEAN SA CHLAS 1-5	EC	1,266	2,229	642	1,083	5,398	2,144	543	847	14,152	16,509
	IL %	57.7	65.3	71.3	68.4	59.3	60.2	66.5	67.1	62.2	63.9
CLASS 6 CIONTAN MEASGAICHTÈ	EC	932	1,484	734	877	3,711	1,408	399	460	10,005	11,679
	IL %	92.7	92.7	93.6	97.1	89.7	93.5	92.0	92.8	92.1	92.2
CLASS 7 CIONTAN TRAFÀIG RATHAID	EC	1,393	2,463	633	5,528	5,407	1,509	648	521	18,102	18,010
	IL %	99.1	98.9	98.9	99.7	99.1	98.0	97.7	98.8	99.1	99.6
SUIMEAN IOMLAN	EC	3,591	6,176	2,009	7,488	14,516	5,061	1,590	1,828	42,259	46,199
	IL %	82.8	85.3	88.2	94.9	81.9	80.7	85.6	82.6	85.1	85.0

Beachd / Suidheachadh. Ann an sgìre na Feachd, tha eucoir a' lùghdachadh ann an co-rèir ri gluasadan nàiseanta. Eadar 2008/9 agus 2009/10, lùghdaich an àireamh de chiontan agus eucoirean clàraichte 9.8% sa chlas 1 gu 7 de eucoirean/ciontan. A bharrachd air seo, tha lùghdachadh leantainneach anns a' chuibheas trì bhliadhna.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh nas mionaidiche, agus Frèam-obrach Coileanaidh Poilis na h-Alba, air làrach-lìn Poilis a' Chinn a Tuath aig www.northern.police.uk



STAITISTEARACHD

FOIS-INNTINN POBLACH & SÀBHAILTEACHD COIMHEARSNACHD

Àireamh de Thachartasan le Gràin-chinnidh, Eucoirean is Ciontan spreigte le Gràin-chinnidh agus Ìrean Lorgaidh

EUCOIREAN & CIONTAN	2009/10
TACHARTASAN LE GRÀIN-CHINNIDH	117
EUCOIREAN SPREIGTE LE GRÀIN-CHINNIDH	86
EUCOIREAN SPREIGTE LE GRÀIN-CHINNIDH AIR AN LORGADH	66
ÌRE LORGAIDH	76.7%

Tha giùlan is sàrachadh cinnidh nan casaidean a th' air an gabhail an lùib Eucoirean Spreigte le Gràin-chinnidh, am measg eucoirean eile a th' air am meas spreigte le gràin-chinnidh a rèir beachd an fhulangaiche.

Àireamh de Dhaoine air am Marbhadh no air an Leòn ann an Tubaistean Rathaid

	2009/10
INBHICH AIR AM MARBHADH	31
INBHICH AIR AN DROCH LEÒN	120
INBHICH AIR AM BEAG LEÒN	776
CLANN AIR AM MARBHADH	2
CLANN AIR AN DROCH LEÒN	9
CLANN AIR AM BEAG LEÒN	55

Theirear clann ri feadhainn fo aois 16 bliadhna.

Beachd / Suidheachadh. Eadar 2008/09 agus 2009/10, tha lùghdachadh san fharsaingeachd san àireamh de dhaoine a chaidh a leòn ri linn tubaistean rathaid.



STAITISTEARACHD

FREAGAIRT SEIRBHEIS

Gearannan mu Oifigearan agus Luchd-obrach nam Poileas

	2009/10
ÀIREAMH GHEARANNAN A FHUARAS	242
ÀIREAMH THACHARTASAN AIR FAD	132,635
GEARANNAN SAN 10,000 TACHARTAS CLÀRAICHTHE	18.2
ÀIREAMH DE CHASAIDEAN A' NOCHDADH BHO GHEARANNAN	433
ÀIREAMH DE CHASAIDEAN FAR AN DEACH CÙISEAN A GHABHAIL OS LÀIMH	97

RIAGHLADH EARBSACH AGUS ÈIFEACHDAS

Àireamh de Oifigearan agus Luchd-obrach nam Poileas

OIFIGEARAN	Làn-ùine	Pàirt-ùine	
	Àireamh	Àireamh	CLU
SUIM SAN FHEACHD	759	25	17.55
SEIRBHEIS SHEALACH / FO-FHASTAIDH	16	-	-
FÒRLADH DREUCHD	5	-	-
FÒRLADH MÀTHAIREIL	4	4	1.7
SUIM IOMLAN	784	29	19.3
CAIDEATAN POILEIS	12	-	-

Aig 31 Màrt 2010.

CLU – Co-ionann ri Làn-ùine.

LUCHD-OBACH	Làn-ùine	Pàirt-ùine	
	Àireamh	Àireamh	CLU
SUIM SAN FHEACHD	286	117	57.3
SEIRBHEIS SHEALACH / FO-FHASTAIDH	1	-	-
FÒRLADH DREUCHD	-	-	-
FÒRLADH MÀTHAIREIL	5	2	1.1
LUCHD-OBACH SEALACH / BUIDHNE FASTAIDH	2	-	-
SUIM IOMLAN	294	119	58.4

Beachd / Suidheachadh. An-uiridh, bha 784 Oifigearan, 8 Caideatan agus 407 luchd-obrach ag obair san Fheachd.



STAITISTEARACHD

RIAGHLADH EARBSACH AGUS ÈIFEACHDAS

An Cuidead de Uairean Obrach air an call tro Neo-làthaireachd Tinneis

OIFIGEARAN	2009/10
LÀITHEAN A DH'FHAODADH	182,254
LÀITHEAN AIR AN CALL	5,741
CEUDAD AIR A CHALL	3.1%

LUCHD-OBRACH	2009/10
LÀITHEAN A DH'FHAODADH	95,371
LÀITHEAN AIR AN CALL	3,729
CEUDAD AIR A CHALL	3.9%

Beachd / Suidheachadh. Tha lùghdachadh mòr air a bhith anns an ùine a chaidh a chall tro thinneas thairis air 2009/10 san Fheachd.

Leòintean Clàraichte aig Oifigearan agus Luchd-obrach nam Poileas

LEÒINTEAN LUCHD-OBRACH	2009/10
SUIM THACHARTASAN	199
TACHARTASAN CALL ÙINE	34
LÀITHEAN AIR AN CALL	881

Luchd-obrach a rèir Ciorram Clàraichte, Cinneadh agus Gnè

OIFIGEARAN	2009/10
ÀIREAMH OIFIGEARAN	813
ÀIREAMH LE CIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
ÀIREAMH GUN CHIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
CEUDAD LE CIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
ÀIREAMH A DH'FHOILLSICH CINNEADH RIS AN CANADH IAD GEAL	767
ÀIREAMH LE CINNEADH RIS AN CANADH IAD DUBH NO MION-CHINNEADH	5
ÀIREAMH GUN CHINNEADH AIR FHOILLSEACHADH	41
CEUDAD A DH'AINMICH AN CINNEADH MAR DHUBH NO MAR MHION-CHINNEADH	0.6%
ÀIREAMH DE FHIREANNAICH	608
ÀIREAMH DE BHOIREANNAICH	205
CEUDAD DE BHOIREANNAICH	25.2%

'S e Àireamhan daoine a th' anns na Figearan. G/C (Gun Chlàradh).



STAITISTEARACHD

RIAGHLADH EARBSACH AGUS ÈIFEACHDAS

LUCHD-OBACH	2009/10
ÀIREAMH DE LUCHD-OBACH NAM POILEAS	411*
ÀIREAMH LE CIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
ÀIREAMH GUN CHIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
CEUDAD LE CIORRAM CLÀRAICHTE	G/C
ÀIREAMH A DH'FHOILLSICH CINNEADH RIS AN CANADH IAD GEAL	399
ÀIREAMH LE CINNEADH RIS AN CANADH IAD DUBH NO MION-CHINNEADH	3
ÀIREAMH GUN CHINNEADH AIR FHOILLSEACHADH	9
CEUDAD A DH'AINMICH AN CINNEADH MAR DHUBH NO MAR MHION-CHINNEADH	0.7%
ÀIREAMH DE FHIREANNAICH	105
ÀIREAMH DE BHOIREANNAICH	306
CEUDAD DE BHOIREANNAICH	74.5%

'S e Àireamhan daoine a th' anns na Figearan. G/C (Gun Chlàradh).

*2 Neach-obrach Buidhne agus 12 Chaideat gun an gabhail a-steach.

Beachd / Suidheachadh. Tro 2009/10, chaidh siostam rianachd ùr a thoirt a-steach airson sgiobachd, ris an canar 'SCOPE'. Chan eil am pasgan a th' ann an-dràsta a' clàradh fiosrachaidh mu chiorram fèin-chlàraichte agus tha am pàirt seo den t-siostam fo leasachadh. Chaidh an staitistearachd seo a chur fon tìotal, Gun Chlàradh, airson 2009/10.

TOMHASAN SUIDHEACHAIDH

Chan eil tomhasan suidheachaidh a' tomhas coileanadh, ach tha iad cuideachail ann a bhith a' toirt fiosrachadh co-theacsail a thaobh nan iartasan a th' air an Fheachd agus a thaobh na h-àrainneachd sa bheil luchd-obrach ag obair.

Àireamh de Theachdaireachdan Fòin agus Thachartasan

	2009/10
ÀIREAMH TEACHDAIREACHDAN 999 AIR FAD	20,006
ÀIREAMH TEACHDAIREACHDAN NEO-ÈIGINN	445,335
ÀIREAMH THACHARTASAN	132,635

Àireamh de Grad-bhàsan air an deach Fios a Chur gu Neach-casaid a' Chrùin

	2009/10
ÀIREAMH DE BHÀSAN AIR AN DEACH FIOS A CHUR GU NEACH-CASOID A' CHRÙIN	397



STAITISTEARACHD

TOMHASAN SUIDHEACHAIDH

Àireamh de Thachartasan le Daoine air a dhol a Dhìth

	2009/10
ÀIREAMH DE THACHARTASAN LE DAOINE AIR A DHOL A DHÌTH	1293

Àireamh de Eucoirich Fheise Clàraichte

	2009/10
ÀIREAMH DE EUCOIRICH FHEISE CLÀRAICHTE ANN AN SGÌREAN NA FEACHD	176

Àireamh de Thachartasan Droch Dhìol san Dachaigh

	2009/10
ÀIREAMH DE THACHARTASAN DROCH DHÌOL SAN DACHAIGH	1,126
ÀIREAMH-SHLUAIGH ANN AN SGÌREAN NA FEACHD	287,470
ÀIREAMH DE THACHARTASAN DROCH DHÌOL SAN DACHAIGH A RÈIR GACH 10,000 DE DHAOINE	39.2

Àireamh de Dhaoine air an toirt fo Ghrèim

	2009/10
ÀIREAMH DE DHAOINE AN GRÈIM (CUIRTE AN SÀS NO CÙMTE AIR AIS)	10,675

Àireamh de Iarrtasan agus de Cheistean Saorsa Fiosrachaidh (FOI)

	2009/10
ÀIREAMH DE IARRTASAN SAORSA FIOSRACHAIDH	623
ÀIREAMH DE CHEISTEAN SAORSA FIOSRACHAIDH	1,978



Northern Constabulary

Protect and Serve · *Dìon is Cuidich*

Poilis a' Chinn a Tuath
Prìomh Oifisean nam Poileas
Seann Rathad Pheairt
Inbhir Nis
IV2 3SY

Ma tha sibh feumach air an fhiosrachadh seo ann am Beurla no cruth eile, no ma tha ceistean eile agaibh a thaobh na h-aithisge seo, cuiribh fios gu Aonad Poileasaidh & Co-òrdanachaidh air na h-àireamhan a leanas:

Fòn: 01463 720 395
Facs: 01463 720 494
www.northern.police.uk